

Leudachadh tar-curraicealam

Ag aithris recipe

Ghabhadh an dòigh-obrach seo a chleachdadh ann an clas còcaireachd no mar dhràma.

Tha mi a' dol a shealltainn dhuibh mar a nì thu sailead fallainn agus blasta.

An toiseach, nìgidh mi an leiteas agam anns an sinc.

An uair sin, sràicidh mi pìosan leiteis agus cuiridh mi ann am bobhla iad.

Gearraidh mi slios an culairein agus cuiridh mi iad don bhobhla.

Gearraidh mi tomatòthan ann an cairtealan agus cuiridh mi a-staigh iad.

Cuiridh mi làn spàinn ola agus làn spàinn sugh liomaid ann an crògan. Cuiridh mi air an ceann gu teann agus crathaidh mi e. Measgaichidh seo an t-ola agus an sùgh liomaid.

Dòirtidh mi an t-ola agus an sùgh don bhobhla.

Beachdan eile

Bhon a tha an tràth teachdail cho cudromach ann a bhith a' planadh, ghabhadh a dhaighneachadh ann an obair ann an tòrr raointean den churraicealam, me saidheans, far am b' urrainn dhut iarraidh orra innse mar a nì iad ann an deuchainn.

